

Tiugainn Do Scalpaigh

Tiugainn a leannain à dùthaich nan gallaibh
Is seòladh sinn thairis le sòlas,
'S thèid sinn le mire a null air an linne
Gu dùthaich mo chridh agus m'òige.

Chì thu ann sealladh air àiteachan eile
Is chì thu bhuaat Eilean a' Cheò as,
Chì thu An Cuillionn 's an ceò air a mhullach
Is chì thu bhuaat Uidhist is Leòdhas.

Tha iomadach maise ri àireamh 's ri fhaicinn,
'S tha iomadach beannachd 'ga chòmhdach,
'S ma thèid thu, a leannain, do Scalpaidh na Hèarradh,
Mo ghealladh gum fan thu ri d' bheò ann.

